Suas Leis a' Ghaidhlig!

Words by Duncan Reid. Melody by Henry Whyte, *Fionn.*

Key **F.** *Moderato—beating twice in the measure.*



Fine.



Da Capo.



Tha mòr shruth na Beurla a' bagradh gu cruaidh
Ar cànain 's ar dùthchais a shlugadh a suas,
Ach seasamaid dìleas ri cànain ar gaoil,
'Us cha'n fhaigh i am bàs gu ruig deireadh an t-saoghail.

A dh'aindheoin gach ionnsuidh a thugadh le nàmh
A chòirichean prìseil a spùinneadh o'n Ghàidheal,
Cha striòchdar a chaoidh gus am faighear a' bhuaidh
Thar gach mì-run 'us eucoir a dh-fhaodas ar ruaig.

O! togaibh 'ur guth as leth cànain nam beann,
'Us cluinnteadh a fuaim air feadh mhonadh 'us ghleann,
Ard sheinnibh a cliù ann am bàrdachd 's an ceól,
'Us na leigibh le coimhich a masladh ri 'r beò

A Chlanna nan Gàidheal bithibh seasmhach 'us dlùth
Ri guaillibh a chéile a' cosnadh gach cliù,
O! seasaibh gu dìleas ri cànain 'ur gràidh,
'Us na trèigibh a' Ghàidhlig a nis no gu bràth.

O! togaibh a bratach gu h-àrd anns an tìr
'S biodh litrichean maireannach sgrìobht' air gach crìdh'—
Cha tréig sinn a' Ghàidhlig, cha tréig sinn r' ar beò
Cànain mhùirneach ar dùthch', gus an caill sinn an deò.